


# Tuathanachas ann an ALBA



## Feòil-mart



Bithear ag àrach chrodh airson an cuid feòil. Tha gnèithean mart a' toirt a-steach Charolais, Gàidhealach, Aberdeen Angus agus Limousine.

## Glasraich achaidh



Fàsaidh measgachadh de ghlasraich ann an Alba nam measg pònairean, seòrsa càil, buinneagan Bruisealach, càl, curranan, càl gruthach, peasairean agus snèapan.

## Gràn agus Lus-ola



Bithear a' cleachdadh eòrna airson uisge-beatha agus leann a dhèanamh, agus airson biadh bheathaichean. Bithear a' fàs coirce airson min-choice agus biadh bheathaichean. Thèid cruithneachd a chleachdadh airson grùdaireachd, flùr agus biadh bheathaichean. Thèid lus-ola a chleachdadh airson ola còcaireachd, bith-chonaidh agus biadh bheathaichean.

Chithear croitearachd, ire nas lugha de chruth thuathanais, gu cumanta ann an Arcaibh is Sealtainn a bharrachd air na h-Eileanan an Iar agus a' Ghàidhealtachd.

## Caoraich



Bithear ag àrach chaoraich mar as trice airson uain agus an cuid feòil. Thèid an rùsgadh a h-uile bliadhna agus an rùsg a ghiollachd gu bhith na aodach agus bhratan-ùrlair a mhaireas airson ùine fhada.

## Buntàta



Bithear a' fàs buntàta airson an ith (bruich, brùthadh, spealgan) ach cuideachd airson margaidh shìl bhuntàta. Bidh Alba ag as-mhalairt buntàta sìl air feadh an t-saoghail.

## Measan bog



Bithear a' fàs subhagan-làir, subhagan-craoibhe, dearcan dubha agus ann an cuid de dh'àiteachan subhagan gorma.

## Cearcan



Thèid cearcan an àrach airson an cuid feòil agus uighean. Mar as trice thèid tunnagan, geòidh agus cearcan Frangach àrach airson an cuid feòil.

## Tomàtodhan & Lusan



Bithear a' fàs diofar sheòrsan de thomàtodhan leithid tomàtodhan siris agus mart ann an Alba. Bithear a' fàs liath-ròs, sàisde, lus-an-rìgh, agus lus na taise ann an sgìrean ri taobh na mara.

## Coilltearachd



Gheibhear coilltean fiodh bog (giuthas, gall-ghiubhas, giuthas Lochlannach, làrag) agus fiodh cruaidh (darach, uinnseann, beithe) air feadh na h-Alba agus thèid an gearradh sìos airson pàipear, cairt, bòrd-pronn, dual-fhiodh, fiodh-connaidh agus tothar-ùrlar.

## Mucan



Thèid mucan àrach airson an cuid feòil agus cuideachd airson raon de thoraidhean eile a gheibhear bhuapa.

## Èisg



Thèid measgachadh de dh'èisg agus mhaoraich a ghlacadh agus àrach air tuathan mara mun cuairt na h-Alba, nam measg an adag, an trosg, an rionnach agus an sgadan.

## Àireachas



Faodar bainne a gheibhear bho chrodh bainne a ghiollachd gu bhith na chàis, iogart, reòiteag agus im.

## An Iar-thuath

Is ann san iar-thuath a tha an ràithe as giorra airson fàs. Mar thoradh air an t-side, an talamh agus an seòrsa ùir a th'ann, tha ìre tarbhachd nas ìsle san iar-thuath. Tha na leathadan nas freagarraiche airson coilltearachd agus raointean mòra mònach.

## An Ear-thuath

Is e an ear-thuath an sgìre as tarbhaiche airson eòrna ann an Alba. Thèid eòrna a chleachdadh airson a bhith a' biadhadh chrodh san sgìre agus tha mòran de thaghean-staile san ear-thuath a bhios a' brachadh an eòrna airson uisge-beatha. Tha fàs air a thighinn cuideachd ann an tarbhachd lus-ola san ear-thuath agus bidh grunn chompanaidhean a' fuar-bhruthadh an t-sil gus ola còcaireachd fhaighinn às. Air feadh an ear-thuath tha grunn luchd-dèanaidh ag àiteach talamh gainmheach a tha furasta a shìolaidh. Tha an talamh sin air leth freagarrach airson mucan agus airson glasraich achaidh fhàs.

Bithear a' cleachdadh timcheall air 75% de dh'fhearann na h-Alba airson adhbharan àiteachais.

Bithear a' cleachdadh lochan mara fàsach air oirthir an iar agus anns na h-eileanan airson feusgair, bradain, eisirean agus bànanach.

## An Iar-dheas

Anns an iar-dheas tha side nas fhìadhaiche agus nas fhliuche agus mar thoradh air an sin bidh feur a' fàs gu mòr. Tha an tarbhachd feòir sin freagarrach airson bathar-bainne agus feur-tioraidh a bhios a' biadhadh a' chrodh bainne tron gheamhradh. Tha na lochan air oirthir an iar-thuath air leth math airson tarbhachd maorach.

## An Ear-dheas

Is e àite gu math tarbhach a th'ann an ear-dheas na h-Alba, far a bheil an toradh as àirde de choice, cruithneachd agus lus-ola. Tha an aimsir agus an ùir freagarrach airson measgachadh farsaing de thuathanais.

Bidh crodh bainne na h-Alba a' toirt seachad còrr air mìle mìlean liotair de bhainne gach bliadhna.